

# Litir do Luchd-Ionnsachaidh

**le Ruairidh MacIlleathain**

*Each week the **West Highland Free Press** publishes the text for Roddy Maclean's "Letter to Gaelic Learners" which is broadcast at approximately 1150 every Friday morning on **BBC Radio nan Gaidheal (103-105 FM)**\**

Bha bàrd uaireigin a' fuireach ann an Eilean Phabaigh, eadar na Hearadh agus Uibhist a Tuath, air an robh Niall Moireasdan mar ainm. Ann am fear de na h-òrain aige, bha na faclan seo: "Gun agam ach a' Ghàidhlig, 's pàirt dhith nach eil uil' agam.."

Bha am bàrd dhen bheachd, ged nach robh cànan sam bith aige ach a' Ghàidhlig, agus ged a bha e math math air faclan a chur ri chèile ann am bàrdachd, nach robh e eòlach air a' chànan gu lèir. 'S e duine glic a bh'ann. Cha leig sinn a leas ach sùil a thoirt air an fhaclair a rinn Eideard Dwelly airson tuigsinn gu bheil mòran fhaclan ann an Gàidhlig nach bi aig a h-uile duine a-chaoidh. Tha an aon rud fìor mu na faclan anns a' *Ghreater Oxford Dictionary* ann am Beurla.

Agus tha e fìor ri ràdh cuideachd gu bheil mòran fhaclan air a dhol à bith, anns a h-uile cànan. Cha robh a' Ghàidhlig anns an t-seann aimsir mar a tha i an-diugh. Agus tha e gu math inntinneach coimhead air an leabhar as sine a th'againn anns a bheil Gàidhlig na h-Alba sgrìobhte. 'S e sin Leabhar Dheir, neo mar a chanas iad ris ann am Beurla – *the Book of Deer*.

Cha robh e air a sgrìobhadh faisg air Eilean Phabaigh. Cha robh idir. Fhuair e ainm bho Sgìre Dheir, neo *Old Deer*, ann an Siorrachd Obair Dheathain anns an robh manachainn Cheilteach anns an t-seann aimsir. Sgrìobh manach, neo manaich, an leabhar ann an Deir anns an naoidheamh linn, o chionn còrr is mìle bliadhna.

Ach chan eil an sgrìobhadh Gàidhlig cho sean sin. 'S ann an Laideann a bha an leabhar fhèin, a' gabhail a-steach pàirtean dhen Bhioball agus sgrìobhaidhean eile co-cheangailte ri creideamh. Ach uaireigin anns an darna linn deug chuir duine eile barrachd ris – sgrìobhaidhean Gàidhlig aig oirean nan duilleag agus ann am bèarnan bàna. Tha na faclan sin còrr is ochd ceud bliadhna a dh'aois, agus tha feadhainn aca doirbh dhuinn tuigsinn an-diugh.

Tha iad ag innse sgeul mu eachdraidh na manachainn' ann an Deir agus eachdraidh t'èile air a' chosta mu thuath – ann an Obair Dobhair. Seo mar a thòisicheas e anns an t-seann Ghàidhlig: “Columcille agus Drostan mac Cosgreg a dalta tangator a hI mar ro alseg Dia doib gonic Abbordoboir...” Neo rudeigin mar sin. Gu fortanach tha sgoilearan a' chànain air eadar-theangachadh a dhèanamh air na seann fhaclan. “Thàinig Calum Cille agus Drostan mac Choscraich, a dheisciobal, às I, mar a threòraich Dia iad, gu ruige Obair Dobhair...” Tha Drostan fhathast air a chuimhneachadh anns an ear-thuath, agus ann an sgìrean eile, mar naomh. Agus tha sinn uile eòlach air Calum Cille, agus air Eilean I.

'S ann anns an leabharlann ann an Oilthigh Chambridge a tha Leabhar Dheir an-diugh. Ged a tha cuid a' gearan gu bheil e ann an Sasainn seach Alba, 's dòcha gur e sin a chum an leabhar sàbhailte. Feumaidh sinn cumail nar cuimhne gu robh mòran seann leabhraichean air an sgrios aig àm an Ath-Leasachaidh ann an Alba.

Agus feumaidh sinn cumail nar cuimhne cuideachd gu robh a' Ghàidhlig uaireigin air a bruidhinn gu mòr ann an taobh sear na h-Alba, ann an Siorrachd Obair Dheathain. Bha mi ann am baile Obair Dheathain o chionn ghoirid agus thuirt fear rium nach robh a' Ghàidhlig air a bruidhinn anns an sgìre sin a-riamh. Agus cha robh e airson beachd eile a chluinntinn air a' chùis. Feumaidh nach cual' e mu Leabhar Dheir. Agus feumaidh nach robh e dhen aon bheachd ri bàrd glic Phabaigh, Niall Moireasdan - ge bith dè cho fiosrach 's a tha sinn mu rud sam bith, gu bheil mòran ann air nach eil sinn eòlach.

\* \* \*

**Faclan na seachdainne:** uaireigin: *some time, at one time*; glic: *wise*; a-chaidh: *ever, for ever*; Siorrachd Obair Dheathain: *Aberdeenshire*; manach, manaich: *monk, monks*; manachainn: *monastery*; threòraich: *guided*; nar cuimhne: *in our memory*; fiosrach: *knowledgeable, well-informed*.

**Abairtean na seachdainne:** à bith: *extinct, out of existence*; an leabhar as sine: *the oldest book*; aig àm an Ath-Leasachaidh: *at the time of the Reformation*.

**Puing ghràmair na seachdainne:** bha e math math air...: *he was very good at...; There are different ways of strengthening an adjective in Gaelic. In some instances, particularly with simple adjectives, the word can be repeated. I once heard a conversation between two children which went like this (with outstretched arms): Q: “an robh an t-iasg mòr? A: “Bha! Bha e mòr mòr mòr mòr mòr!” Another way is to precede the adjective with another adjective eg uabhasach brèagha: terribly (very) beautiful. In Argyll fiadhaich (wild) is often used in the same way. Bha e fiadhaich math: it was very good.*

**Gnàths-cainnt na seachdainne:** cha leig sinn a leas: *we don't need to. The "a" is dropped where the preceding word ends in a vowel eg cha leag thu leas: you don't need to. Cha leig thu leas cabhag a dhèanamh – bidh càch fadalach co-dhiù: you don't need to hurry – the others will be late anyway. In some dialects leig is replaced by ruig ie cha ruig thu leas. Cha leig sinn a leas ach...: we only need to...*

\* *“Litir do Luchd-Ionnsachaidh” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig*